



**A' comharrachadh nan ceanglaichean  
eadar Gàidhlig agus Sunnd**

**Geàrr-chunntas Luchd-gnìomha**

**An Cèitean 2024**

**DC Research**

t: 01228 402 320

m: 07501 725 114

e: [stephen@dcresearch.co.uk](mailto:stephen@dcresearch.co.uk)

<https://dcresearch.co.uk/>

### Ro-ràdh agus Amasan Rannsachaidh

Bha Bòrd na Gàidhlig air DC Research fhadastad – ann an co-bhonn le Dr Douglas Chalmers, Prof Mike Danson agus Eilidh Danson – gus rannsachadh a dhèanamh *"A' comharrachadh nan ceanglaichean eadar Gàidhlig agus sunnd"*. B' e am prìomh amas *"an t-àite aig Gàidhlig ann an taisbeanair aithnichte air sunnd, agus ann a bhith a' measadh atharrachadh ann an sunnd, a chomharrachadh."*

Às dèidh beachdachadh air dè na comharran sunnd a dh'fhaodadh a bhith an lùib na Gàidhlig, rannsaich an sgrùdadh mar a dh'fhaodadh Gàidhlig cur ri sunnd dhaoine fa-leth, lìonraidhean cànan, coimhearsnachdan ionadail agus sunnd nàiseanta na h-Alba. Chaidh beachdachadh cuideachd air mar a ghabhadh a leithid de dh'àrdachadh a thomhas, a' tarraing air fianais bho mhion-chànanan eile far an robh sin comasach.

### Àrd-shealladh air Dòigh-obrach

B' iad na prìomh ìrean den dòigh-obrach a chaidh a ghabhail mar a leanas:

- Chaidh lèirmheas a dhèanamh air litreachas nàiseanta is eadar-nàiseanta air cùisean sunnd ann an saoghal na Gàidhlig an latha an-diugh, a' gabhail a-steach litreachas am measg shluaghan coimeasach a bharrachd air litreachas neo-acadaimigeach aig ìre coimhearsnachd agus clàraidhean mun Ghàidhlig còmhla ri lèirmheas nas fharsainge air litreachas sunnd làithreach.
- Chaidh 23 'còmhradhean aon-ri-aon' a dhèanamh cuideachd le sreath de dhaoine iomchaidh a tha an lùib na Gàidhlig agus/no sunnd.
- Chaidh còig rannsachaidhean cùise deug a leasachadh a sheallas na diofar thaobhan de thoraidhean an rannsachaidh a thaobh na tha a' Ghàidhlig a' cur ri sunnd. Bha dusan de na sgrùdaidhean cùise bho bhuidhnean Gàidhlig agus trì bho mhion-chànanan coimeasach.
- Às dèidh nan ceumannan seo, chaidh àrd-shealladh a dhèanamh air gach taobh de shunnd ann am Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba le beachdachadh air na ceanglaichean eadar a' Ghàidhlig agus gach buil, còmhla ri eisimpleirean air mar a tha a' Ghàidhlig air cur ri gach buil ann an dòigh dheimhinneach. Tha na h-eisimpleirean de na diofar rudan a tha a' Ghàidhlig air cur ri gach buil air am beachdachadh anns na rannsachaidhean cùise a tha air am mìneachadh ann an Earrann 3 agus Leas-phàipear 4 den aithisg.

### Geàrr-chunntas air Co-dhùnaidhean bhon Lèirmheas Litreachais

B' e amas an sgrùdaidh àite na Gàidhlig a chomharrachadh anns na comharran aithnichte air sunnd, agus a h-àite a chomharrachadh ann a bhith a' measadh atharrachaidhean ann an sunnd. Tha an dòigh-obrach seo co-chòrdail ri gluasadan air feadh na Buidhne airson Co-obrachaidh agus Leasachaidh Eaconamaichan (OECD) agus pàirtean eile den t-saoghal gus aithne a thoirt do chuibhreachaidhean air tomhasan traidiseanta de choileanadh eaconamaidh.

Tha sunnd air fhisg a-steach do ro-innleachdan, dèanamh phoileasaidhean, libhrigeadh agus cleachdaidhean na h-Alba aig gach ìre: coimhearsnachd, ionadail, roinneil agus nàiseanta. Tha Alba na tùsaire ann a bhith cuideachd a' gabhail ri 'sunnd' mar amas, inneal frèam agus prìomhachas thar cùraman-roinne is roinnean, agus ann an Ro-innleachd Nàiseanta 10-bliadhna Riaghaltas na h-Alba airson Atharrachadh Cruth Eaconamach tha prìomh lèirsinn air a chur an cèill gus eaconamaidh sunnd a libhrigeadh do dh'Alba.

Tha Alba na ball stèidheachaidh den bhuidheann Riaghaltasan Eaconamaidh Sunnd (WEGo), agus thathar a' dèiligeadh ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta (FCN) Riaghaltas na h-Alba tro bhith a' leantainn 'Sunnd na h-Alba' a thaobh 'Libhrigeadh nam Builean Nàiseanta', agus tha adhartas ann a bhith a' coileanadh nan aon bhuilean deug seo air a thomhas tro dhiofar chomharran. Tha na Builean Nàiseanta, agus mar sin comharran, ceangailte gu soilleir ri

Amasan Leasachadh Seasmhach nan Dùthchannan Aonaichte (SDGs), a-rithist a' dearbhadh dòigh-obrach structarail agus fhollaiseach a thaobh cruthachadh, lìbhrigeadh agus adhartas poileasaidh. Mar sin tha an dòigh-obrach structaraichte seo a' leantainn stiùiridhean cleachdaidh as fheàrr bhon UN agus OECD, agus mar sin a' tabhann bunait iomchaidh agus aontaichte gu h-eadar-nàiseanta airson an rannsachaidh seo.

A' cur na tèiridh gu cleachdadh, tha cuid de bhuill WEGo air gabhail ri feallsanachd sunnd le bhith a' tiomnadh a' phròiseas airson a bhith a' dearbhadh nan cuspairean, builean, agus comharran iomchaidh gu ciad nàiseanan, coimhearsnachdan agus buidhnean cultarail a tha nam buill.

A' beachdachadh air cuspairean sunnd timcheall air cànan is cultar gu sònraichte, tha litreachas a' fàs a tha a' cur ri agus a' daingneachadh obair an BCLE. Tha an litreachas seo a' dearbhadh na co-aontachd a tha a' tighinn am bàrr air mar bu chòir bun-bheachd agus tomhasan sunnd a bhith a' cur an sàs ann an co-theacsan sònraichte. Tha sgrùdadh o chionn ghoirid le McCartney et al. (2023)<sup>i</sup> ag argamaid "*advocates for a Wellbeing Economy, and similar economic models... should prioritise and embed support for cultural development as a ... social asset if we are to adequately respond to current crises and navigate to a flourishing and habitable future for ourselves and our descendants*". Tha a' Ghàidhlig, mar phàirt bheothail de chultar na h-Alba, a' leigeil le eacarsaich mar seo a bhith air a gabhail os làimh.

A thaobh rannsachadh air sunnd am measg àireamhan coimeasach de mhion-chànanan is chultaran, chaidh sgrùdaidhean a dhèanamh ann an Roinn a' Chuain Shèimh, a' Chuimrigh, Èirinn a Tuath, Dùthaich nam Basgach, agus anns na h-Eileanan Fàrach agus an Roinn Eòrpa Nòrdach. Tha iad seo air a bhith an sàs ann an diofar dhòighean ann a bhith a' sgrùdadh agus a' mion-sgrùdadh taobhan de thoileachas, slàinte inntinn is corporra agus sunnd choimhearsnachdan far a bheil oireachd agus mion-inbhe a' comharrachadh beatha buidhinn stèidhichte air an cànan agus an cultar a bhith taobh a-staigh prìomh shruthan. Tha grunn air na buannachdan adhartach a leantainn a tha an lùib dà-chànanaid is ioma-chànanaid agus foghlaim, a bhith comasach air fuireach ann an diofar àiteachan taobh a-staigh àite, agus a bhith le barrachd comais is so-mhaoin na tha aig a' mhòr-chuid.

Tha an gluasad seo gus sunnd a ghlacadh agus a chur an lùib nan teirmean aca fhèin air a bhith gu sònraichte follaiseach ann an Sealainn Nuadh (rannsachadh cùise *He Ara Waiora* san aithisg), le tuilleadh eisimpleirean air an leasachadh air feadh Roinn a' Chuain Shèimh: ann an Dùthaich Yawuru, ann an coimhearsnachdan dùthchasail ri àm Covid, agus anns an Sgrùdadh Mayi Kuwayu air a chruthachadh le agus do Thùsanaich is Eileanaich Caolas Torres.

Thathar ag aithneachadh cho cudromach sa tha fèin-riaghladh ann a bhith a' leasachadh agus a' cumail suas sunnd aig ìre phearsanta agus coimhearsnachd ann an leasachadh agus cur an gnìomh nam frèaman-obrach is innealan sònraichte seo, agus tha iad seo an uair sin a' cruthachadh, agus stèidhichte air, tuigse a tha a' tighinn am bàrr air an *milieux* sònraichte eaconamach, sòisealta, cultarail agus àrainneachd. A thaobh Ciad Nàiseanan ann an Canada, mar eisimpleir, tha na buannachdan bho dhearbhadh-aithne chultarail dheimhinneach is leantainneachd am measg mhion-shluaghan a' dol an aghaidh lèirsgrìos chultarail – de thìrean, dhaoine agus theaghlaichean tùsanach – a' cruthachadh mòr-chiùrradh a bheir droch bhuaidh air sunnd. Ann an linn far a bheil *populism* a' fàs, air a chruthachadh le dìth *tèarainteachd ontologach*<sup>ii</sup>, faodar co-structaran is comharran sunnd a bhith air an cur an gnìomh gus buannachdan dearbh-aithne is buntainn fhoillseachadh.

Taobh a-staigh na h-Alba, tha innealan agus frèaman-obrach sunnd air an leasachadh agus air an cur an sàs aig ìre ùghdarrasan ionadail<sup>iii</sup> stèidhichte air paidhleat ann an Siorrachd Chlach Mhanann dhaibhsan a tha an lùib a bhith a' leasachadh ro-innleachd eaconamach agus poileasaidh leasachaidh eaconamach stèidhichte air àite.

Chaidh eacarsaich co-ionann a ghabhail os làimh o chionn ghoirid gus na ceanglaichean fhoillseachadh eadar na diofar ìrean seo den eaconamaidh sunnd airson sgrùdadh rannsachaidh *Gàidhlig ann an Glaschu*<sup>v</sup>, a' dearbhadh iomchaidheachd na dòigh-obrach seo a thaobh suidheachadh a' chànain agus a' chultair ann an co-theacsan nàiseanta is cruinneil. A bharrachd air sin, chomharraich an aithisg sin na dòighean anns a bheil Gàidhlig ann an Glaschu a' cur ri builean FCN, a' sealltainn mar a dh'aithnichear àite na Gàidhlig ann an comharran aithnichte air sunnd agus àite na Gàidhlig ann a bhith a' measadh atharrachaidhean ann an sunnd gu h-ionadail agus gu nàiseanta.

A' toirt geàrr-chunntas air a' chomas ann a bhith a' togail frèaman-obrach sunnd, cuspairean, àrainnean agus comharran, tha e tairbheach beachdachadh air toraidhean meata-sgrùdadh le Butler et al. (2019)<sup>v</sup> a bha ag amas air na cùisean coitcheann a sgrùdadh a tha mu choinneamh dhaoine le mion-chànanan agus cultaran. Chomharraich an sgioba rannsachaidh sin naoi tomhasan farsaing eadar-cheangailte a tha buntainneach do shunnd tùsanaich Astràilia: fèin-riaghladh, cumhachdachadh is aithne; teaghlach is coimhearsnachd; cultar, spioradalachd is dearbh-aithne; dùthaich; feumalachdan bunaiteach; obair, dreuchdan is dleastanasan; foghlam; slàinte corporra; agus slàinte inntinn. Rinn iad an co-dhùnadh gur dòcha nach eil na h-àrainnean is na buaidhean seo air an comharrachadh anns na prìomh ionnsramaidean Càileachd Beatha agus sunnd, agus gum faodar na toraidhean a cho-roinneadh le sluaghan dùthchasach air feadh na cruinne. Mar sin, chomharraich Butler et al. am feum air 'ionnsramaid sunnd shònraichte' a tha a' gabhail a-steach nithean a bhuineas do mhion-chultaran dùthchasach agus "*developing such an instrument will ensure meaningful, culturally-relevant measurement of [the wellbeing of] such communities*".

Tha e a' leantainn gu bheil an fheallsanachd airson seata de chomharran sunnd a thogail a tha gnàthaichte do choimhearsnachdan Gàidhlig na h-Alba a' ciallachadh leudachadh air an sgrùdadh litreachais gu bhith a' toirt a-steach litreachas neo-acadaimigeach aig ìre coimhearsnachd agus clàran mun Ghàidhlig.

Le fiosrachadh bhon litreachas acadaimigeach agus coimhearsnachd, tha e comasach agus iomchaidh atharrachadh sunnd mar "*new approach to measuring prosperity in Scotland...moving beyond economic growth and increased consumption and looking instead at a broader range of factors that matter to people and communities*"<sup>vi</sup> airson a bhith a' rannsachadh na tha a' Ghàidhlig a' cur ri sunnd agus a chaochladh. Tha seo co-chòrdail ri modhan-obrach sa Chuimrigh far a bheil cleachdadh cànan air a ghabhail a-steach ann an *Wellbeing of Wales: National Indicators*. Le sealltainn mar a tha a' Chuimris air a fighe a-steach don mheasadh iomlan air sunnd ann an co-theacsa coltach ris na ghabhas dèanamh airson na Gàidhlig agus sunnd ann an Alba, thathar a' tabhann tuilleadh fìreanachaidh airson a leithid de dhòigh-obrach.

### **Geàrr-chunntas air na Co-dhùnidhean bho na 'Còmhradhean'**

Bha e soilleir do mhòran den fheadhainn ris an deach comhairle a chur a tha an lùib na Gàidhlig gu bheil pàirt aice ann a bhith a' toirt taic do agus a' cur ri sunnd – agus chaidh grunn eisimpleirean a thoirt seachad a' soillseachadh seo. Ach, tha cuid den fheadhainn a tha ag obair ann an dreuchdan Gàidhlig ag aideachadh nach tug iad cus aire do thaobhan sunnd na Gàidhlig. Tha cuid a' faireachdainn gu bheil mì-thuigse agus dìth aithne air a' Ghàidhlig agus sunnd – air a bhacadh le dìth soilleireachd mu bhun-bheachd sunnd.

Tha dragh comharraichte bho chuid mun bhuidhe nas fharsainge air sunnd ri linn nan dùbhlain a tha an aghaidh coimhearsnachdan tradaiseanta na Gàidhlig. Is e prìomh dhragh, ma tha dùbhlain eaconamach is sòisealta an aghaidh coimhearsnachdan tradaiseanta na Gàidhlig, gun toir sin droch bhuidhe air sunnd muinntir nan sgìrean agus nan coimhearsnachdan.

Cha robh ann ach glè bheag de mhothachadh, ma bh' ann idir, air eisimpleirean de chleachdadh sunnd agus Gàidhlig còmhla airson mòran a tha an lùib an raoin làithrich agus

leasachadh poileasaidh sunnd. Mar sin, tha e soilleir gu bheil obair ri dhèanamh an seo gus dèiligeadh ris an dìth mothachaidh agus tuigse seo.

Tha aithneachadh dhan fheadhainn a tha an lùib poileasaidh sunnd gu bheil raon farsaing de phoileasaidhean agus gnìomhan ann a tha a' cur ri sunnd (a' Ghàidhlig nam measg), ach tha fòcas poileasaidh sunnd sa mhòr-chuid tro lionsa na h-eaconamaidh agus mar a tha an eaconamaidh agus gnìomhachd eaconamach a' cur ri sunnd. Mar sin, tha cuid a' faicinn buaidh leasachadh sunnd mar dhòigh air an eaconamaidh sunnd a' cuideachadh le bhith a' toirt taic do choimhearsnachdan nas seasmhaiche. Thathar a' faicinn gu bheil e nas motha mu dheidhinn leasachadh eaconamaidh sunnd gus taic a thoirt don Ghàidhlig cho mòr ri/barrachd na tha a' Ghàidhlig a' cur ri sunnd.

Bidh cuid a tha an lùib poileasaidh sunnd a' meòrachadh air raointean far a bheil iad a' faireachdainn gu bheil a' Ghàidhlig a' cur ri, no le ceanglaichean ri, sunnd. Is e aon raon cumanta na taobhan 'calpa cultarail' den Ghàidhlig – m.e., tro thurasachd, fhèisean, na h-ealain, is msaa – a thuilleadh air timcheall air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Mar as trice, seo far a bheil daoine a tha taobh a-muigh saoghal na Gàidhlig a' beachdachadh air àite na Gàidhlig, seach ann an raointean eile den eaconamaidh sunnd.

A bharrachd air an sin, tha cuid den luchd-comhairle nach eil an lùib na Gàidhlig a' beachdachadh air an àite nas fharsainge a th' aig cànan san fharsaingeachd (seach a' Ghàidhlig gu sònraichte) a thaobh sunnd – agus na ceanglaichean a dh'fhaodas leasachadh cànan a thoirt seachad a thaobh seo.

Ged a thathar a' gabhail ris a' cheangal eadar a' Ghàidhlig agus sunnd, mar as trice chan eil mòran air a dhèanamh mu dheidhinn, no mòran beachdachaidh air, leis an fheadhainn a tha ag obair ann am poileasaidh sunnd.

Tha aithne bhon fheadhainn a tha ag obair ann an sunnd gu bheil mìneachaidhean soilleir a dhìth airson eaconamas sunnd agus sunnd, no tha gach fear a' fulang le iomadh mìneachadh, a dh' fhaodadh a bhith na dhuilgheadas. Mar sin, tha cuid de na cùisean nas fharsainge seo timcheall air poileasaidh sunnd nan nithean cudromach ri beachdachadh ann a bhith a' rannsachadh agus a' comharrachadh àite na Gàidhlig agus ceanglaichean ri sunnd.

Chan eil tuigse air na tha a' Ghàidhlig a' cur ri sunnd ri faicinn gu làidir bho luchd-comhairle ann am poileasaidh sunnd. Ach, tha na co-chomhairlean a' sealltainn nach e cùis shònraichte a tha seo don Ghàidhlig ach cùis nas fharsainge mu chultar san fharsaingeachd agus tuigse air a dhleastanas sunnd.

'S e cuspair fìor làidir a thàinig a-mach às na co-chomhairlean còmhla ris an fheadhainn a tha an sàs ann an tuigse air cùisean sunnd ann an saoghal na Gàidhlig aig an àm seo, mu na taobhan sunnd neo-dheimhinneach a tha co-cheangailte ri càineadh agus làimhseachadh na Gàidhlig.

Faodaidh seo nochdadh ann an diofar dhòighean, agus chomharraich luchd-comhairle eisimpleirean far am faod neo-dheimhinneachd, càineadh agus dìth taic mun cuairt na Gàidhlig buaidh a thoirt air daoine ann an coimhearsnachdan Gàidhlig agus iadsan a tha an lùib tuigse air cùisean sunnd ann an saoghal na Gàidhlig – a' toirt droch bhuidh air an sunnd (inntinn) ma thathar a' cur an aghaidh na Gàidhlig agus a' toirt ionnsaigh oirre.

Faodaidh na cùisean sunnd neo-dheimhinneach seo a bhith air an gabhail a-steach: a' bhuidh a tha aig càineadh coitcheann agus neo-dheimhinneachd mun cuairt na Gàidhlig tro bheachdan sòisealta; na droch bhuidhean air sunnd a thig bho chrìonadh a' chànan agus coimhearsnachdan tradaiseanta na Gàidhlig; an droch bhuidh bho "*hostile public policy environment*" don Ghàidhlig; an "*tokenistic approach*" a ghabhas cleachdadh a thaobh na Gàidhlig – a thaobh taic taobh a-staigh poileasaidh poblach agus meud is ìre maoinachaidh.

A dh'aindeoin nan trioblaidean seo, tha a h-uile duine ris an deach comhairle a chur a tha an lùib dhreuchdan Gàidhlig a' cur cuideam air iomadh eisimpleir de choileanaidhean a thaobh nan ceanglaichean eadar Gàidhlig agus sunnd.

Dh'aithnich cuid den luchd-chomhairle gum faodadh e a bhith gu math duilich modhan-obrach a leasachadh gus an ceangal eadar Gàidhlig agus sunnd a thomhas, agus cuid eile a' meòrachadh gu bheil seata farsaing de chomharran ann a dh'fhaodar a thomhas agus a bhiodh a' comharrachadh sunnd nas fheàrr. Thathar a' gabhail ris gu bheil e comasach seata de cheumannan sunnd a leasachadh gus ceanglaichean agus na tha a' Ghàidhlig a' cur ri sunnd a thomhas – ach nach deach seo a dhèanamh fhathast.

Tha na prìomh raointean far an do chomharraich luchd-comhairle ceanglaichean eadar Gàidhlig is sunnd agus far a bheil Gàidhlig a' cur ri sunnd air an liostadh gu h-ìosal. Chuir mòran den luchd-chomhairle a thug seachad eisimpleirean cuideam air an nàdar ioma-thaobhach aig na tha a' Ghàidhlig a' cur ri sunnd, a' soilleireachadh an raoin fharsaing de cheanglaichean agus an raoin de dhàimhean eadar a' Ghàidhlig agus sunnd.

- **Sunnd coitcheann** - Thathar ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig a' cur ri sunnd san fharsaingeachd, mar a thuirt aon neach-comhairle: *"But to me, if there wasn't that Gaelic dimension to life here, it would be the poorer for it."*
- **Sunnd pearsanta**, le luchd-comhairle a' moladh gur ann airson luchd-labhairt dùthchasach a tha a' Ghàidhlig *"core to who you are – how you think, how you imagine life"*.
- Bha **faireachdainn de bhuinteanas agus faireachdainn mar phàirt den choimhearsnachd** na prìomh phàirt de cheanglaichean na Gàidhlig ri sunnd. *"It makes me feel that I belong more to my community"* agus *"I feel a connection to where I come from"* air sgàth na Gàidhlig.
- Tha dàimh dheimhinneach aig a' Ghàidhlig cudromach ri **faireachdainn de dhearbhaithne** a thaobh sunnd: *"If you have a genuine sense of identity and realise it is somewhat special, different then this can affect their behaviour and interactions positively."*
- Bha na tha a' Ghàidhlig a' cur ri **slàinte inntinn agus sunnd** air a chomharrachadh gu cumanta, a' gabhail a-steach cuideachadh le bhith a' toirt taic do agus a' leasachadh sunnd inntinn **dhaoine òga** tro barrachd moite, misneachd, is msaa. Chaidh àite na Gàidhlig ann a bhith a' toirt taic do shlàinte inntinn is sunnd **daoine nas sine** aithneachadh cuideachd, a' cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ri agus a' ceannsachadh aonaranachd.
- Bha na **ceanglaichean sunnd tro Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig** (FMG) air an comharrachadh gu soilleir le luchd-comhairle, le barrachd ùidh bho phàrantan air aithneachadh ann a bhith a' cur clann gu FMG anns na coimhearsnachdan Gàidhlig traidiseanta agus ann an coimhearsnachdan eile/ùra.
- A bharrachd air foghlam foirmeil, chaidh cuideam cuideachd a chur air na **buannachdan sunnd bho bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig** mar inbheach – luchd-comhairle ag aithneachadh gum faod am pròiseas a bhith an lùib ionnsachaidh (i.e., an t-ionnsachadh fhèin) deagh bhuaidh a thoirt air sunnd.
- Chomharraich luchd-comhairle an ceangal eadar mar a tha daoine a' faireachdainn mun dualchas, an cultar agus an coimhearsnachd, agus am **misneachd** sa choimhearsnachd aca agus an dòigh sa bheil seo a' cuideachadh le bhith a' neartachadh an eaconamaidh cho math ri sunnd fa leth agus coitcheann.
- Tha dual eile de cheanglaichean na Gàidhlig agus na tha a' Ghàidhlig a' cur ri sunnd a' buntainn ris na **ceanglaichean ri nàdar, ceanglaichean ris an àm a dh'fhalbh, agus tuigse nas fheàrr air eachdraidh** a tha a' Ghàidhlig a' cuideachadh le taic agus an sunnd a tha seo a' togail.

- Tha luchd-comhairle a' toirt fa-near do dh'**fhosgailteachd agus in-ghabhalachd coimhearsnachd na Gàidhlig** mar bhuannachd don Ghàidhlig. Tha luchd-comhairle a' meòrachadh gu bheil a' choimhearsnachd Ghàidhlig nas fhosgailte, nas in-ghabhalach, agus nas eadar-mheasgte.
- Tha ceanglaichean eadar Gàidhlig agus sunnd cuideachd ag aithris **ìomhaigh na Gàidhlig** – anns na meadhanan ach cuideachd san fharsaingeachd. Bidh barrachd ìomhaigh agus aithne a' cuideachadh gus bun-stèidh a thoirt do thaobhan timcheall air misneachd agus mothachadh dearbh-aithne.
- Dha cuid tha **buannachdan eaconamach dìreach an lùib na Gàidhlig** ma tha iad air am fastadh ann an obraichean/dreuchdan Gàidhlig.
- Bha deagh aithne air àite na Gàidhlig timcheall air **sunnd cultarach**. Tha aithne shoilleir ann gu bheil cothrom air na h-ealain agus cultar cudromach airson sunnd, agus tha àite aig a' Ghàidhlig ann an seo tro ealain is cultar na Gàidhlig aig ìrean ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta.

### Eisimpleirean de Rannsachadh Cùise – Ceanglaichean na Gàidhlig agus na tha i a' cur ri Sunnd

Tha Earrann 3 den aithisg a' toirt geàrr-chunntas àrd-ìre air co-dhùnaidhean nan rannsachaidhean cùise. Airson nan 12 sgrùdaidhean cùise Gàidhlig, a tha cuideachd air an gabhail a-steach gu h-iomlan ann an Leas-phàipear 4 den aithisg, tha na ceanglaichean eadar Gàidhlig is sunnd agus na tha a' Ghàidhlig a' cur ri diofar thaobhan de shunnd air am beachdachadh tro Fhrèam Coileanaidh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba a bharrachd air na ceithir colbhan de dhòigh-obrach calpa a chaidh a chleachdadh ann an *Towards a Robust, Resilient Wellbeing Economy for Scotland: Report of the Advisory Group on Economic Recovery*.

Tha cuideachd trì sgrùdaidhean cùise gun Ghàidhlig air am beachdachadh – ged a tha na ceanglaichean ris an FCN air am fàgail às leis nach eil iad buileach buntainneach.

B' iad na sgrùdaidhean cùise Gàidhlig a chaidh a sgrùdadh: **BBC ALBA; Sunnd Baile Ghlaschu; Comunn Eachdraidh Nis; FilmG; Oighreachd Ghabhsainn; Guthan nan Eilean; Aire air Sunnd (Uibhist a Tuath); Muinntir Ghlaschu; Urras Coimhearsnachd Port Rìgh is a' Bhràighe; Taigh Cèilidh (Steòrnabhagh); Urras Thiriodh; agus Urras Ceann a Tuath na Hearadh.**

B' iad na sgrùdaidhean cùise gun Ghàidhlig a chaidh a sgrùdadh: na Cultùrlanna (Èirinn a Tuath); Menter Y Felin Uchaf – Ionad Cultarach Cuimreach; agus Ha Ara Waiora (sealladh Māori air sunnd).

### Cùisean ri Beachdachadh air/Molaidhean

Tha e follaiseach gu bheil ceanglaichean eadar a' Ghàidhlig agus sunnd, agus tha a' Ghàidhlig a' cur gu mòr ri sunnd ann an raon farsaing – air an sealltainn anns na chuir i ri Frèam Coileanaidh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba a tha air a mhìneachadh ann an Earrann 3 den aithisg.

Ann a bhith a' feuchainn ri tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air na ceanglaichean eadar Gàidhlig agus sunnd tha sreath de agus molaidhean airson gnìomh air am faod Bòrd na Gàidhlig, agus feadhainn eile, beachdachadh.

An toiseach, agus le bhith a' ceangal ri *Co-chomhairleachadh air a' Bhile Sunnd agus Leasachadh Seasmhach a tha san amharc*, bhiodh soilleireachd a thaobh mìneachadh sunnd cuideachail. Mar a chaidh comharrachadh san aithisg, tha dìth soilleireachd ann mu bhun-bheachd sunnd, agus ma thèid dèiligeadh rithe chuidicheadh e a leithid de shoilleireachd a

thoirt seachad, a' comasachadh nan ceanglaichean eadar Gàidhlig is sunnd agus na tha a' Ghàidhlig a' cur ri sunnd a bhith air am mìneachadh nas fheàrr agus nas soilleire.

An dàrna puing, bu chòir gun tèid beachdachadh air leasachadh comharra/àireamh bheag de chomharran, taobh a-staigh Frèam Coileanaidh Nàiseanta no mar Bhuilean Nàiseanta na Gàidhlig. Tha seo a' leantainn eisimpleir na Cuimrigh far a bheil Comharra Sunnd Nàiseanta mun àireamh de dhaoine as urrainn Cuimris a bhruidhinn, a bharrachd air Clach-mhìle Nàiseanta co-cheangailte ris. Le bhith a' stèidheachadh a leithid de cheum(an) ann am FCN cuidichidh sin ìomhaigh na Gàidhlig àrdachadh taobh a-staigh FCN agus cearcallan poileasaidh eile is sunnd nas fharsainghe, a' dèiligeadh ri cuid de na dùbhlain a tha air an comharrachadh san aithisg.

Bidh e cudromach gum bi iomradh soilleir sam bith air a' Ghàidhlig anns na Builean Nàiseanta agus FCN ath-sgrùdaichte ag aithneachadh àite na Gàidhlig san fharsaingeachd, agus a' dol nas fhaide na dìreach a bhith ag amas air na taobhan àrd-ìomhaigh leithid Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.

Faodar stèidheachadh na Gàidhlig taobh a-staigh nam Builean Nàiseanta agus FCN a thoirt air adhart tro fhreagairtean don Cho-chomhairle air Bile Sunnd agus Leasachadh Seasmhach, a bharrachd air ath-sgrùdadh leantainneach air an FCN, agus bu chòir do Bhòrd na Gàidhlig dèanamh cinnteach gu bheil iad gu gnìomhach a' tagradh airson in-ghabhail a leithid de bhuilean/comharran.

An treas puing, bu chòir beachdachadh air leasachadh sreath nas fharsainghe de Chomharran Gàidhlig is Sunnd airson an cleachdadh le Bòrd na Gàidhlig agus an fheadhainn a tha ag obair sa Ghàidhlig. Mar a tha an aithisg air sealltainn, tha a' Ghàidhlig a' cur ri Builean is Comharran FCN ann an diofar dhòighean. Cuidichidh leasachadh Chomharran sònraichte Gàidhlig is Sunnd le Bòrd na Gàidhlig agus an cur an sàs ann am planaichean corporra, ro-innleachdan, prògraman tabhartais is msaa ìomhaigh na Gàidhlig is sunnd àrdachadh taobh a-staigh poileasaidh na Gàidhlig a bharrachd air ann am poileasaidh sunnd nas fharsainghe.

Bu chòir do ghnìomhan mar seo cuideachadh le dèiligeadh ri cùisean co-cheangailte ri leth-oireachadh na Gàidhlig le bhith a' toirt taic do leasachadh agus mothachadh nas motha a thaobh na tha a' Ghàidhlig a' cur ri sunnd, a' dèanamh cinnteach gu bheil sunnd agus raointean poileasaidh eile gun Ghàidhlig a' cur luach oirre ga h-aithneachadh nas fheàrr.

Cuidichidh leasachadh agus cleachdadh nan Comharran Gàidhlig is Sunnd seo an ìomhaigh àrdachadh is bunait fianais nas soilleire a leasachadh mun Ghàidhlig agus sunnd a' sealltainn gu cudromach na tha a' Ghàidhlig a' cur ris thar raon farsaing de bhuilean nàiseanta (mar a tha air sealltainn ann an Earrann 3 den aithisg) – a' cuideachadh le bhith a' gluasad a' chòmhradh nas fhaide air adhart na dìreach prìomh raointean (m.e., FMG) agus ag àrdachadh aithne air na tha a' Ghàidhlig a' cur ri sunnd.

Mar a chaidh a chomharrachadh san aithisg, ghabh leasachadh Shealainn Nuaidh air frèam-obrach gus *waiora* a thuigsinn dòigh-obrach bhon bhonn suas. Ged nach eil seo riatanach airson Comharran Gàidhlig is Sunnd a thathar a' moladh an seo a leasachadh, bu chòir iad seo a bhith air an leasachadh ann an dòigh a tha a' toirt a-steach riochdairean bho air feadh raointean na Gàidhlig a bharrachd air an fheadhainn a tha an sàs ann am poileasaidh sunnd.

Tha dùbhlain don Ghàidhlig mu shunnd nach eil sònraichte don Ghàidhlig, ach tha co-cheangailte ri dùbhlain nas fharsainghe mu bhith ag aithneachadh àite cànan is cultair san fharsaingeachd a thaobh sunnd. Bu chòir do Bhòrd na Gàidhlig coimhead ri bhith ag obair le com-pàirtichean eile mu na buannachdan agus a' bhuaidh a tha aig dualchas cultarail do-bheantainn ri sunnd shaoranaich is eaconamaidh na h-Alba agus dèanamh cinnteach gu bheil seo air aithneachadh gu soilleir ann am poileasaidh sunnd agus builean nàiseanta san àm ri teachd.



Anns a h-uile rud gu h-àrd, tha e cudromach an co-cheangal aithneachadh eadar dùbhlain eaconamach is sòisealta, cùisean is co-theacsa, agus na diofar choimhearsnachdan Gàidhlig. Tha seo a' gabhail a-steach tuigse air na feumalachdan sunnd eadar-dhealaichte aig diofar choimhearsnachdan Gàidhlig a bharrachd air na dòighean eadar-dhealaichte anns an urrainn do dhiofar sheòrsaichean de choimhearsnachdan Gàidhlig eadar-obrachadh le, agus cur ri, diofar thaobhan de shunnd.

Mar phàirt de seo, tha e cudromach tuigsinn gu bheil feum air, no adhartas a dhèanamh a dh'ionnsaigh, eaconamaidh sunnd nas làidire airson Gàidhlig a leasachadh gu h-àraidh ann an coimhearsnachdan tradaiseanta na Gàidhlig. Ann an cuid àitichean, tha a' Ghàidhlig an urrachd ri eaconamaidh sunnd a bharrachd air a bhith a' cur ris – agus tha e cudromach seo aithneachadh agus taic a thoirt do shunnd nan coimhearsnachdan Gàidhlig seo. Bheir seo cuideachadh gus taic a thoirt do leasachadh na Gàidhlig.

---

<sup>i</sup> McCartney, G., O'Connor, J., Olma, S., Hill O'Connor, Harroun, L. agus Morel, K. (2023) 'Culture as an objective for and a means of achieving a Wellbeing Economy', *Humanit Soc Sci Commun* **10**, 718.

<https://doi.org/10.1057/s41599-023-02240-6>

<sup>ii</sup> Giddens, A. (1991) *Modernity and Self-Identity: Self and Society in the Late Modern Age*, Cambridge: CUP.

<sup>iii</sup> <https://www.gov.scot/publications/wellbeing-economy-toolkit-supporting-place-based-economic-strategy-policy-development/>

<sup>iv</sup> <https://www.glasgow.gov.uk/29502>

<sup>v</sup> Butler, T., Anderson, K., Garvey, G., Cunningham, J., Ratcliffe, J., Tong, A., Whop, L., Cass, A., Dickson, M. agus Howard, K. (2019) 'Aboriginal and Torres Strait Islander people's domains of wellbeing: A comprehensive literature review', *Social Science & Medicine*, 233, 138-157

<sup>vi</sup> <https://oxfamilibrary.openrepository.com/bitstream/handle/10546/293743/rr-humankind-index-second-results-100613-en.pdf;jsessionid=8FA9079998DE41F2A9914A82479BD06C?sequence=1>